

# Speak ► Census

---

lùl seòmair-chlas





# Clàr-innse ►

- Dè th' anns a' chunntas-shluagh? **03 ►**
- Eisimpleirean is clàr-teagaisg **04 ►**
- Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) **05 ►**
- Cleasan sa chlas **07 ►**
- Cleasan aig an taigh **08 ►**
- Goireasan **09 ►**

# Dè th' anns a' chunntas-shluagh? ▶

Fàilte do iùl seòmar-clas Speak Census - goireas us ur cuideachadh gus planaichean leasain is taisbeanaidhean mu Chunntas-sluaigh na h-Alba a chruthachadh airson ur clas.

'S e tachartas comharrachte a th' ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba.

'S e cunntadh oifigeil de gach duine is sliochd-taighe tha san dùthaich a th' ann an Cunntas-sluaigh agus tha e a' tachairt gach 10 bliadhna. Tha feum aig an Riaghaltas agus aig solarachean seirbheise eile air dàta a' chunntais-shluagh gus co-dhùnайдhean cudromach a ruigsinn.

Tha na freagairtean a tha daoine a' toirt do cheistean a' chunntais-shluagh a' cuideachadh gus dealbh de shluagh na h-Alba a tharraing. Bidh daoine dealasach is dìorrasach air feadh an Riaghaltas, ùghdarrasan ionadail, gniomhachasan agus bhuidhnean-carthannachd a' cleachdadha dàta a' chunntais-shluagh gus seirbheisean a chruthachadh far a bheil am feum as mothà orra.

Bhiomaid air ar dòigh nam b' urrainn dhuibh is do ur sgoilearan a bhith an sàs ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba 2022 agus a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn tairbhean a' chunntais-shluagh.

Chruthaich sinn stuthan a tha inntinneach is furasta ri chleachdadha gus an tèid agaibh is aig ur sgoilearan air ionnsachadh na tha ri ionnsachadh ann an gach leasan. San t-sgrìobhainn seo, gheibhear

molaidhean air cleasan ri dhèanamh sa chlas agus cleasan as urrainn do na sgoilearan dèanamh aig an taigh còmhla ri an teaghach, caraidean, luchd-cùraim agus daoine a tha a' fuireach còmhla riutha.

Chruthaich sinn taisbeanadh PowerPoint, teamplaid leasanan agus moladh de phostaichean airson nam meadhanan sòisealta, as urrainn dhuibh a cho-roinn còmhla ri pàrantan is luchd-glèidhidh, mun chunntas-sluaigh agus mu na dh'ionnsaich na sgoilearan.

A bharrachd air na stuthan seo, rinn sinn trì filmichean goirid as urrainn dhuibh sealltainn dhan chlas agaibh. Tha iad a' taisbeanadh phròiseactan a chleachd dàta a' chunntais-shluagh 2011 gus beatha saoranaich na h-Alba, agus an dùthaich air fad, a leasachadh. Tha na filmichean seo air an cruthachadh do chlann-sgoile gus ùidh anns a' chunntas-sluaigh a thogail bho thoiseach am beatha agus gus am bi iad a' bruidhinn còmhla ri an caraidean, teaghach, luchd-cùraim is an fheadhainn leis a bheil iad a' fuireach mu dheidhinn.

Tha na filmichean air an ath dhuilleag còmhla ri mìneachadh air mar a tha iad a' co-fhreagairt ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Mholamaid na filmichean fhaicinn anns an òrdugh anns a bheil iad air an duilleig.

**Mealaibh na filmichean!**

# Rannsachaidhean-cùise is clàr-teagaisg ►

## ► 1. Buidseadan Comhairle

Tha seo a' toirt cunntas air mar a tha dàta a' chunntais-shluagh a' cuideachadh an Riaghaltais ri buidseadan a riachadh gus coimhersnachadh ionadail a mhathachadh.

A thaobh curraicealam nan oileanach, tha an rannsachadh-cùise seo a' dèiligeadh ri cuspairean le àireamhachd, slàinte is sunnd, ealain sgar teil, teicneolas is saidheans sòiseal ta (gu h-àraighe daoine ann an sòiseal ta, eaonamaidh is gnìomhachas).

**Luchdaich a-nuas**

## ► 2. Loch Laomainn

Tha am film seo a' sealltainn mar a tha dàta a' chunntais-shluagh a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum fuirich Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean na h-àite mìorbhaileach airson a bhith ag obair, a' fuireach is a' cur airgead ann agus a' tadhail air.

A thaobh curraicealam nan oileanach, tha an rannsachadh-cùise seo a' dèiligeadh ri cuspairean bho shaidheans, slàinte is sunnd, ealain sgar teil is saidheans sòiseal ta (gu h-àraighe daoine, àite is àrainneachd).

**Luchdaich a-nuas**

## ► 3. Cànan-soidhnidh Bhreatann (BSL)

Tha film BSL a' cur an cèill mar a chuidich fiosrachadh a' chunntais-shluagh ri beatha cleachdaichean BSL air feadh na h-Alba atharrachadh thar na 10 bliadhna mu dheireadh. Gheibhear barrachd fiosrachaидh air gabhail ri Achd BSL (Alba) 2015 a tha cho cudromach sna goireasan air **duilleag 09 ►**.

A thaobh curraicealam nan oileanach, tha an rannsachadh-cùise seo a' dèiligeadh ri cuspairean bho chànanan, ealain sgar teil, teicneolas is saidheans sòiseal ta (gu h-àraighe daoine, tachartasan san àm seachad, is sòiseal tan).

**Luchdaich a-nuas**

# Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) ►

Gus uiread's a ghabhas de fhiorsachadh a sholarachadh dhuibh, agus gus an tèid agaibh air an co-roinneadh còmhla ri ur sgoilearan, tha an duilleag seo a' coimhead air Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) fhèin, air mar a leasaich an cànan bhon chunntais-shluagh 2011, agus air dè a th' ann an contactSCOTLAND BSL.

## ► Dè a th' ann an Achd BSL (Alba) 2015?

An robh fhiros agaibh gu bheil aonar anns gach sianar ann an Alba a' cleachdad BSL airson còmhraidi? Tha e ro-chudromach gun dèanar dìcheall gus an cànan seo a ghabhail a-steach ann am foghlam, seirbheisean-slàinte agus beatha làitheil. Chaith Achd BSL (Alba) 2015 a chruthachadh bho dhàta stèidhichte air a' chunntas-shluagh 2011 agus tha e ag adhartachadh cleachdad BSL air feadh na dùthcha le bhith a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail, an NHS is buidhnean poblach eile planaichean BSL aca fhèin a chruthachadh. Tha na planaichean a' cur an cèill mar a bhithear a' dùsgadh mothachadh a' chànan, a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh sheirbheisean poblach is na seirbheisean fhèin so-ruigsinneach airson a h-uile cleachdaiche BSL air feadh na h-Alba.

## ► Dè th' ann an ContactSCOTLAND BSL?

Tha ContactSCOTLAND BSL a' toirt barrachd neo-eisimeileachd do Choimhearsnachd Daoine Bodhar na h-Alba agus tha e riatanach ann an suidheachaidhean-èiginn. Leis an t-seirbheis seo, 's urrainn do chleachdaiche BSL conaltradh a dhèanamh còmhla ri dotair, seirbheis bìdh air bois is an leithid., le bhith a' bruidhinn le eadar-theangaiche BSL tro sheirbheis bhidio air loidhne mar Zoom. Bidh an t-eadar-theangaiche BSL ag eadar-theangachadh mar-aon bho BSL gu Beurla airson an duine ris a bheil an cleachdaiche BSL ag iarraidh bruidhinn agus an uair sin bidh an t-eadar-theangaiche BSL, fhathast air gairm bhidio, ag eadar-theangachadh na teachdaireachd gu cànan-soidhnidh airson a' chleachdaiche BSL. Tha sin a' ciallachadh gun tèid aig cleachdaichean BSL air rudan a dhèanamh agus feum air fònaigeadh gus an dèanamh, mar eisimpleir ceann-là ris an dotair no ris a' ghruagaire. Tha sibh a' tuigsinn gu bheil an t-seirbheis seo ro-chudromach nuair a tha cleachdaiche BSL airson fòn a chur gu 999.

# Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) ►

## ► Ciamar a chuidich an cunntas-sluaigh ContactSCOTLAND BSL?

Chleachd buidheann-stiùiridh na h-Alba airson cùisean nam Bodhar, deafscotland, fiosrachadh bhon chunntais-shluaign 2011 gus faighinn a-mach cia mhead duine a bha a' cleachdadhbh BSL aig an taigh. Chuir na toraidhean cuideam air feum air seirbheis mar contactSCOTLAND BSL gus taic a thoirt do Choimhearsnachd nan Daoine Bodhar. Chunnaic deafscotland am fiosrachadh seo agus thuig iad gum biodh cothrom aca cuideachadh. An uair sin, chleachd iad am fiosrachadh gus maoineachadh Riaghaltais ro-fheumail fhaighinn agus chruthaich iad contactSCOTLAND BSL.

## ► Luchd-comhairle is eadar-theangaichean BSL

'S e neach-comhairle BSL airson deafscotland a th' ann an Derek Todd a tha air agallachadh airson filmichean BSL againn agus e fhèin na chleachdaiche BSL. Tha Derek a' cuideachadh bhuidhnean ri tuigse nas fheàrr fhaighinn air BSL agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ceangalan làidir ri in-ghabhalteachd, co-ionannachd is iomadachd aig gnothachasan. Anns a' bhidio ceangailte air **duilleag 04**, chìthean t-eadar-theangaiche BSL aig Derek, Helen Dunipace, a tha ag eadar-theangachadh a h-uile rud a tha Derek a' soidhneachadh gu Beurla is air ais gu BSL. 'S ann mar sin a tha contactSCOTLAND BSL ag obair!

Airson barrachd fiosrachaiddh air Achd BSL (Alba) 2015, deafscotland no contactSCOTLAND BSL, seallaibh air na ceangalan gu h-ìosal.

**Gheibhear barrachd ghoireasan as urrainn dhuibh a chleachdadhbh gus planaichean leasain is taisbeanaidhean clas a chruthachadh air duilleag 09 ►**



# Cleasan sa chlas ►

## Buidseadan Comhairle ►

Thoiribh sùil air rannsachaidhean-cùise is cunntasan stadastaigeil bho chunntasan-sluaigh nas sine gus mion-chunntas-sluaigh air sgìre ionadail nan sgoilearan a chruthachadh, a tha a' coimeas an latha an-diugh ris na làithean a chaidh seachad, agus dèanaibh taisbeanadh air. B' urrainn do sgoilearan sgoiltean, pàircean, ionadan-coimhersnachd, taighean-dhealbh is togalaichean no seallaidean eile, a tha air an atharrachadh no air an togail thar nam bliadhnaichean, a chunntadh agus a ghabhail a-steach.

## Loch Laomainn ►

Cuidichibh a' chlann tuigse fhaighinn air stòrasan nàdarra Loch Laomainn agus air an fheum a bhith gan cleachdad gu cunntasach.

B' urrainn dhaibh beachdachadh air na beathaichean a tha beò sa phàirc agus air cho cudromach 's a tha iad airson àrainneachd na pàirce, no dealbh a dhèanamh de "phàirc nan aislingean aca

## Cànan-soidhniadh Bhreatainn (BSL) ►

'S urrainn do chlasaichean sùil a thoirt air atharraichean ann an iomadachd is in-ghabhailteachd agus faicinn air mar a dh'atharraich Alba gus rudan a dhèanamh na bu so-ruigsinniche is na b' ion-ghabhalaiche airson a h-uile duine: cinnidheachd, creideamh, ciorramachd.

B' urrainn don bhuidhnean de chloinn fiù 's cànan a thaghadh, falal no dhà den chànan ionnsachadh agus na faclan a thaisbeanadh air beulaibh a' chlas.

Gheibhear barrachd ghoireasan is fiosrachadh a' chunntais-shluaigh air duilleag 08 ►

# Cleasan aig an taigh ►

**Buidseadan  
Comhairle ►**

Faodaidh clann faighneachd de an teaghlaich/an luchd-cùraim/an fheadhainn a tha a' fuireach còmhla riutha dè am beachd a th' acasan air ciamar a dh'atharraich an sgìre anns an 10 bliadhna mu dheireadh.

**Loch Laomainn ►**

Bidh tòrr bheathaichean, eòin gu h-àraig, ag imrich gu is à Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean gach bliadhna. An tèid aig na sgoilearan air faighinn a-mach dè na h-eòin, mar ainnleagan is geòidh, a bhios ag imrich a-mach is a-steach san sgìre ionadail acasan gach bliadhna?

**Cànan-soidhnidh  
Bhreatainn (BSL) ►**

Iarraibh air na sgoilearan x5 soidhnichean BSL ionnsachadh, soidhnichen a b' urrainn dhaibh a chleachdad nam beatha làitheil no a bhiodh feumail nan coinneachadh iad ri cleachdaiche BSL. Mar eisimpleir, halò, ciamar a tha sibh, tha e math coinneachadh ruibh, dè an t-ainm a th' oirbh agus is mise... .

# Goireasan ►

Seo liosta de ghoireasan, a bharrachd air filmichean rannsachadh-cùise is stuthan eile, a bhios gur cuideachadh gus planaichean leasain a chruthachadh agus tuigse ur sgoilearan air a' chunntais-shluagh a mhathachadh:

- **Loch Laomainn**  
[www.lochlomond-trossachs.org](http://www.lochlomond-trossachs.org)
- **contactSCOTLAND-BSL**  
[contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)
- **Deaf Action**  
[www.deafaction.org](http://www.deafaction.org)
- **Rannsachaidhean-cùise a' Chunntais-shluagh 2011**  
[scotlandcensus.gov.uk/case-studies/](http://scotlandcensus.gov.uk/case-studies/)
- **Làrach-lìn NRS**  
[www.nrscotland.gov.uk](http://www.nrscotland.gov.uk)
- **Cunntas-shluagh na h-Alba**  
[www.scotlandcensus.gov.uk](http://www.scotlandcensus.gov.uk)
- **Clàran chunntasan-shluagh**  
[www.nrscotland.gov.uk/research/guides/census-records](http://www.nrscotland.gov.uk/research/guides/census-records)
- **Leabharlann Nàiseanta na h-Alba**  
[www.nls.uk/family-history/census-records/](http://www.nls.uk/family-history/census-records/)
- **Scotland's People**  
[www.scotlandspeople.gov.uk/record-guides/census-returns](http://www.scotlandspeople.gov.uk/record-guides/census-returns)
- **Seann Chlàran Paraiste**  
[www.nrscotland.gov.uk/research/guides/birth-death-and-marriage-records/old-parish-registers](http://www.nrscotland.gov.uk/research/guides/birth-death-and-marriage-records/old-parish-registers)
- **Clàran Eaglaisean**  
[www.nrscotland.gov.uk/research/guides/church-records](http://www.nrscotland.gov.uk/research/guides/church-records)
- **Eaglais na h-Alba**  
[www.churchofscotland.org.uk/about-us/our-structure/historical-records](http://www.churchofscotland.org.uk/about-us/our-structure/historical-records)
- **Dàta Cunntas-Sluagh Riaghaltas na h-Alba**  
[www.gov.scot/search/?q=census&cat=sitesearch](http://www.gov.scot/search/?q=census&cat=sitesearch)
- **Achd BSL (Alba) 2015.**